

Sgeama Measaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 4 Levels for the Silver Card and 4 sample conversations for each level, giving a total of 16 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim.

You will not be asked to do all the conversations. The assessor will judge how many conversations are necessary to assess your level. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see the *Learners' Guide for An Comunn Gàidhealach* assessment scheme.

To attain the Silver Card, the learner must succeed at all 4 levels and attain 60% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations. At least 60%, i.e. 12 out of 20, should be attained for each conversation tested at each level before moving on to the next level.

At this level, in order to cover the key structures appropriately, the conversation is likely 1) to take the form of a short role play where you take the part of a character or 2) you might be given a topic to discuss, for example, holidays, pastimes, likes and dislikes. The role play will be explained to you carefully before the actual assessment starts. During the role play, the assessor will make sure the key structures are included.

Please note that, although the –ibh forms are sometimes used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

Ìre 5 / Level 5,

Còmhradh 1 / Conversation 1

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, dè do chor an-diugh?

NI: Tha mi gu dòigheil, agus sibh fhèin.

NM: Chan eil dona idir, tapadh leat. Airson Ìre 5, Còmhradh a h-aon, tha sinn a' dol a dhèanamh riochd-chluich – role play. Tha mi an dòchas gun còrd sin riut.

NI: Och, còrdaidh, tha mi cinnteach.

NM: Uèil, 's e càraid a th' annainn. Tha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn a dhol a-mach.

NI: Glè mhath.

NM: Tòisichidh sinn ma-thà. Dè tha thu a' dèanamh an-ath-oidhch'?

NI: Chan eil càil.

NM: Càit an tèid sinn?

NI: Nach tèid sinn dhan taigh-dhealbh.

NM: Thèid, bhiodh sin math, b' fhior thoigh leam sin.

NI: An tèid sinn airson biadh an toiseach?

- NM: Bhiodh sin math. Dè an taigh-bìdh as fheàrr leat, biadh Innseanach no Thai.
- NI: B' fheàrr leam biadh Thai, tha mi smaoinichadh.
- NM: B' fheàrr leam fhìn biadh Thai seach biadh Innseanach cuideachd? Tha biadh Thai nas fheàrr na biadh Innseanach.
- NI: Tha e fada nas fheàrr.
- NM: Am bu chòir dhuinn iarraidh air Ealasaid agus Iain a thighinn còmhla rinn?
- NI: Bu chòir, bhiodh sin math.
- NM: A bheil biadh Thai a' còrdadh riutha ge-tà?
- NI: Tha, tha e a' còrdadh riutha math dha-rìribh. Chan eil biadh Innseanach a' còrdadh ri Iain ge-tà.
- NM: Och, glè mhath, fònaidh mi thuca. Ciamar a thèid sinn ann? An toir sinn leinn an càr?
- NI: Bheir, bheir sinn leinn an càr.
- NM: Cha leig mi leas a bhith ag òl. Bidh mi ag òl sùgh òrainseir.

Ìre 5 / Level 5,

Còmhradh 2 / Conversation 2

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

- NM: Hallò, a bheil sibh gu dòigheil?
- NI: Tha tapadh leibh, agus sibh fhèin?
- NM: Tha mi gu dòigheil, tapadh leibh. Airson còmhradh a dhà, Ìre 5 tha sinn a' dol a dhèanamh riochd-chluich no role play. A bheil sibh toilichte le sin?
- NI: Tha.
- NM: Tha sinn ann am bùth-aodaich. Tha sibh ag iarraidh aodach a cheannach.

(Airson an riochd-chluich seo bhiodh e feumail nam biodh badan aodaich ann a dh'fhaodadh an neach-ceannach fheuchainn air, m.e. còta no seacaid no ad no geansaidh.)

- NI: Glè mhath.

(anns a' bhùth)

- NM: Dè tha sibh a' lorg an-diugh?
- NI: Tha mi a' lorg seacaid ghorm dhomh fhìn.
- NM: Tha sibh airson seacaid a cheannach.
- NI: Tha.
- NM: Glè mhath, a bheil sibh airson tè fheuchainn oirbh?
- NI: Tha, am faod mi an t-seacaid seo fheuchainn orm?
- NM: Faodaidh gu dearbh.

(ga fheuchainn air / oirre)

- NI: Tha i ro bheag / ro mhòr, a bheil meudachd nas motha / nas lugha agaibh?
- NM: Tha, gu dearbh, seo tè nas lugha / nas motha dhuibh.
- NI: Tha i sin gu math fasanta, nach eil? Is toigh leam an stoidhle sin. Ach tha an t-seacaid ghorm sin snog cuideachd
- NM: Tha, agus tha i sin gu math nas saoire na an tè a th' ort.
- NI: Tha, tha i deich notaichean nas saoire. Ach tha i nas giorra na an tèile.
- NM: Siuthadaibh, feuchaibh an tè sin oirbh.
- NI: Glè math. (*ga feuchainn air / oirre*) Tha i seo nas motha na an tèile.
- NM: Tha mi a' dol leibh, tha i gu math nas motha. Cò an tè as fheàrr leibh?
- NI: 'S fheàrr leam a chiad tè, an tè a tha nas fhaide agus nas daoire
- NM: A bheil sibh cinnteach?
- NI: Tha, is lugha orm aodach a tha ro ghoirid.
- NM: Math dha-rìribh.

Ìre 5 / Level 5,

Còmhradh 3 / Conversation 3

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

- NM: Hallò, ciamar a tha sibh?
- NI: Tha gu dòigheil, tapadh leibh.
- NM: Airson Còmhradh a trì, Ìre 5, bidh sinn a' bruidhinn mu rudan a tha a' còrdadh ribh agus nach eil a' còrdadh ribh. A bheil sibh toilichte le sin?
- NI: Tha gu dearbh.
- NM: Cuideachd bidh sinn a' dèanamh coimeas eadar aon rud agus rud eile.
- NI: "A' dèanamh coimeas" chan eil mi a' tuigsinn.
- NM: Comparing, making comparisons.
- NI: O, seadh!
- NM: Glè mhath, ma-thà, dè na rudan a bhios a' còrdadh ribh? A bheil golf a' còrdadh ribh?
- NI: Chan eil, ach tha seinn a' còrdadh rium fìor mhath. A bheil seinn a' còrdadh ribh?
- NM: Tha e a' còrdadh rium glan fhèin a bhith ag èisteachd ri cuideigin a' seinn. Tha Doilidh, an nighean agam, math air seinn, tha e a' còrdadh rithe. Ach chan urrainn dhòmhsa seinn idir. Dè na h-òrain a tha a' còrdadh ribh?
- NI: Is toigh leam 'An Àtaireachd Bhuan'. Tha e math dha-rìribh, tha e dìreach sgoinneil.
- NM: Tha, tha an t-òran sin uabhasach math. An robh sibh aig a' Mhòd an-uiridh?
- NI: Bha.
- NM: An do chòrd e ribh?
- NI: Chòrd, bha e air leth math. Rachainn ann a-rithist.
- NM: Ciamar a thàinig sibh dhan Mhòd, air an trèan no air a' bhus?
- NI: Thàinig mi air an trèan agus air a' bhàta.
- NM: A bheil an trèan nas daoire na am bus?
- NI: Tha, ach tha am plèan nas daoire buileach.
- NM: 'S e an fhìrinn a th' agad, tha am plèan gu math nas daoire. Is toigh leam an trèan, tha i

cofhurtail. A bheil thu fhèin a' smaoinichadh gu bheil am bus nas miosa na an trèan?

NI: Och, chan eil, chan eil am bus dona.

NM: Ach tha nas lugha rùm anns a' bhus.

NI: Tha, tha sin ceart, ach tha e beagan nas saoire.

NM: Tha sin fìor, agus chan eil a' toirt nas fhaide.

Ìre 5 / Level 5,

Còmhradh 4 / Conversation 4

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Sin sibh, ciamar a tha sibh an-diugh?

NI: Tha gu math, ciamar a tha sibh fhèin?

NM: Tha gu dòigheil, tapadh leibh. 'S e seo còmhradh a ceithir, Ìre 5 agus 's e riochd-chluich, no role play, a th' ann.

NI: Glè mhath.

NM: 'S e caraidean a th' annainn agus tha sinn air saor-làithean ann an teant a-muigh air an dùthaich. Tha sinn a' coimhead airson àite freagarrach airson an teant. A bheil thu gam thuigsinn?

NI: Tha, tha mi smaoinichadh. Càit a bheil sinn air saor-làithean?

NM: Faisg air a' Ghearasdan. Càit an cuir sinn suas an teant? Dè mu dheidhinn shìos ri taobh na h-aibhne? 'S dòcha gu bheil iasg anns an abhainn.

NI: Bhiodh sin math, tha iasg math anns an abhainn sin.

NM: Tha mi an dòchas gu bheil.

NI: Tha iasg ann gun teagamh. Faodaidh mi a dhol a dh'iasgach a-rithist.

NM: Dè chanas iad ris a' bheinn sin?

NI: Canaidh iad Beinn Nibheis rithe!

NM: O, tha sin ceart. Dè cho àrd 's a tha i?

NI: Tha i mìle, trì cheud, dà fhichead meatair 's a ceithir a dh'àirde.

NM: Nach i a tha àrd. Bu toigh leam a dhol a choisichd nam beann a-màireach.

NI: Bu toigh l' agus leamsa. Faodaidh sinn sin a dhèanamh.

NM: A bheil thu a' dol a dh'iasgach an dràsta?

NI: Tha, dè tha thusa a' dèanamh? 'S fheàrr dhut fois a ghabhail!

NM: 'S fheàrr dhomh biadh a dhèanamh. Tha an t-acras orm.

(Tha aon neach a' dol a dh'iasgach le slait agus às dèidh greis tha e / i a' tilleadh.)

NM: An d' fhuair thu càil?

NI: Fhuair mi dà iasg mòr.

NM: Chan eil mi gad chreidsinn!

NI: Seall, sin iad.

NM: Tha sin dìreach mìorbhaileach!

(Latha no dhà às dèidh sin, tha iad deiseil airson falbh agus a' bruidhinn mu dheidhinn dòighean siubhail, modes of transport.)

NI: Dè cho tric 's a bhios bus a' dol gu Inbhir Nis?

NM: Trì tursan san latha, tha mi smaoinichadh. Tha fear a' fàgail aig uair.

NI: Càit am faigh sinn e?

NM: Gheibh sinn e faisg air bùth Morrison.

NI: Tha sin math. Saoil am bi e stad aig Druim na Drochaid?

NM: Bidh, tha mi smaoinichadh.